

**FREAGAIRT BHO ROINN NA CEILTIS,
OILTHIGH OBAR DHEATHAIN
DO DHREACHD PLANA NÀISEANTA NA GÀIDHLIG 2006**

10 Samhain, 2006

Bu mhath leinn fàilte chridheil a chur air Dreachd Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus tha sinn mothachail air an obair ionmholta a rinneadh le Bòrd na Gàidhlig air an Dreachd Plana. 'S e ceum glè chudromach ann an eachdraidh na cànain a tha seo, agus tha sinn an dòchas gum bi a' cho-chonaltradh phoblach air an Dreachd Plana na cuideachadh dhan Bhòrd.

Anns an fharsaingeachd, tha sinn dhen bheachd gu bheil mòran a tha math agus feumail anns an Dreachd Plana. Tha sinn gu sònraichte toilichte leis a' chudrom a thathas a' cur air spionnadh na cànain. Gu dearbha, chanamaid gu bheil spionnadh—spionnadh ann an cleachdadh na cànain anns an dachaigh, anns a' choimhearsnachd agus anns an àite-obrach—aig cridhe na cùise, agus an àite a bhith am measg nan Roinnean Gnìomh, mholamaid gum bu chòir spionnadh a bhith a' tighinn a-steach anns na Roinnean Gnìomh uile, caran mar prìomh phrìomhachas agus an slat-tomhais air èifeachd nan gnìomhan eile. Mar eisimpleir, rachadh na gnìomhan fo bhratach “Inbhe” no “Foghlam” no “Cultar” a mheasadh a thaobh na buaidh aca air spionnadh—spionnadh ann an cleachdadh na cànain anns an dachaigh, anns a' choimhearsnachd agus anns an àite-obrach.

Anns an dol-seachad, tha seo gar toirt gu puing eile: tha sinn dhen bharrail gu bheil na Roinnean Gnìomh a' measgachadh diofar rudan a tha gu math eadar-dhealaichte ann am planadh cànain. Tha cuid dha na roinnean an seo—dachaigh, coimhearsnachd, àite-obrach, foghlam tràth, foghlam sgoile, foghlam treas-ìre is fad-beatha, gnìomhachd chultarach, na h-ealain, dualchas, spòrs is cur-seachad, na meadhanan-clò, craoladh agus eadar-gnìomhachd—nan “domains”, mar a chanar riutha ann am planadh cànain, no raointean beatha làitheil anns a bheil sinn a' cleachdadh cànain—ge brith dè a' chànain a tha ann. Tha rudan eile an seo, leithid spionnadh agus inbhe (agus, gu dearbha, nan nìthean fo cheann “inbhe”, mar seasamh is mothachadh is taic), a tha nan dòighean anns a bheil sinn a' measadh neart na cànain anns na diofar raointean, no “domains”. Agus, an uairsin, tha rudan eile an seo a tha nan goireasan—rudan mar chorpas, stòras foghlaim agus fiù 's planaichean Gàidhlig—a tha deatamach gus cleachdadh na Gàidhlig a dhèanamh comasach agus a bhrosnachadh, agus inbhe na cànain àrdachadh. Nar beachd-ne, bhiodh e na bu chiallaiche agus na bu chuideachaile nan robh am Plana Nàiseanta air eagrachadh a rèir nan raointean-cànain (no, nan “domains”), agus le molaidhean fo gach raon air dè na nìthean a tha deatamach gus spionnadh agus inbhe na cànain a neartachadh anns gach raon, agus air dè na goireasan a tha a dhìth (me leasachadh briathrachais/corpais, leasachadh goireasan taice leithid stòras foghlaim, sgilean, msaa) no a thèid a chur an sàs (plana cànain, stèisean telebhisean/rèidio, msaa).

Mus tig sinn dha na nìthean a tha a' buntainn gu dlùth ri obair na Roinne agus obair an Oilthigh againne, bu mhath leinn beagan phuingean farsaing eile a dhèanamh. An toiseach, tha sinn toilichte gu bheil am Bòrd a' mìneachadh suidheachadh na cànain anns an earrainn “An Eachdraidh”. Gu dearbha, tha seo uamhasach fhèin cudromach—feumaidh am Plana a bhith air a dhealbhadh a rèir suidheachadh na

cànain mar a tha i an-diugh, agus tha sinn ag aontachadh gu ìre mhòir leis an tuigse air an t-suidheachadh a chaidh a mhìneachadh anns an earrainn seo. Ach, chan eil e idir soilleir ciamar a tha na Roinnean Gnìomh a chaidh a chur sìos anns an Dreachd Plana a' freagairt an t-suidheachaidh a chaidh a mhìneachadh ann "An Eachdraidh"; mas e is gu bheil ceangail ann—agus bu chòir ceangail a bhith ann—chan eil an ceangail sin soilleir gu leòr. Mar eisimpleir, tha "An Eachdraidh" a' dèanamh soilleir nach eil dìreach aon "choimhearsnachd Ghàidhlig" ann an Alba, ach grunn choimhearsnachdan, gach tè dhiubh ann an suidheachadh eadar-dhealaichte. 'S e puing chudromach, agus cheart, a tha seo. Mar a tha "An Eachdraidh" a' sealltainn, chan eil suidheachadh na cànain anns na bailtean mòra coltach ris an t-suidheachadh anns na sgìrean dùthchail, agus ged nach do rinneadh a' phuuing seo ann "An Eachdraidh", tha suidheachadh na cànain gu math eadar-dhealaichte anns gach baile agus anns gach coimhearsnachd dhùthchail. Air sàilleabh sin, bhiomaid an dùil gu bheil feum againn air diofar ro-innleachdan ann an diofar sheòrsaichean àitean, cho math ri ro-innleachdan nàiseanta a thaobh cuid a chuspairean a nochdas anns a' Phlana Nàiseanta, ach gu mì-fhortanach, chan eil an tuigse seo a' nochdadh anns na Roinnean Gnìomh. Mar eisimpleir, chan eil dìreach aon "dachaigh" Ghàidhlig, ach mòran sheòrsaichean dhachaighean. Tha feumannan dachaighean Gàidhlig—agus goireasan a tha ri làimh—gu math eadar-dhealaichte; chan ionann dachaigh Ghàidhlig ann an Obar Dheathain, can, agus tè eile ann an Nis. Agus, tha an aon rud fìor mu choimhearsnachdan, sgoiltean, àitean-obrach, agus mar sin air adhart. Nar beachd-ne, feumaidh am Plana Nàiseanta a bhith mothachail air seo.

Tha an duilgheadas seo co-cheangailte ris an ath-phuing. Nar beachd-ne, tha "An Sealladh" agus "An Rùn" a thig às a dhèidh fada ro fharsaing, agus chan eil an fheallsanachd air an cùlaibh idir soilleir. Tha "fàs ann an roghainn cànain", "meudachadh àireamhan aig a bheil a' Ghàidhlig mar chànan mhàthaireil" agus "cultar beòthail" math gu leòr, mar toraidhean aig a' cheann thall, ach gu dè tha iad a' ciallachadh a thaobh phoileasaidhean mionaideach, agus ciamar a thèid againn air na toraidhean seo a ruigsinn? Dè an fheallsanachd leasachadh cànain a tha sinn a' leantainn? Ged a tha earrann ann ris an canar "Planadh Cànain" anns an Dreachd Plana, chan eil innte ach mìneachadh goirid agus farsaing. Tha barrachd air aon fheallsanachd air cùlaibh leasachadh mion-chànain agus barrachd air aon sheòrsa ro-innleachd, agus chan eil gach tè dhiubh sin iomchaidh anns a h-uile suidheachadh. Dè an fheallsanachd (no feallsanachdan) a th' aig a' Bhòrd? Dè am modail (no modailean) a tha am Bòrd a' leantainn? Dè an ro-innleachd (no ro-innleachdan) a th' aig a' Bhòrd? Agus, a thaobh gach aon dha na ceistean seo, carson a chaidh an taghadh?

Nuair a thig sinn dha na Roinnean Gnìomh iad fhèin, tha mòran ann a tha math—agus tha sin fìor mu Ro-innleachd Nàiseanta Foghlam Gàidhlig, cuideachd. Ach, nar beachd-ne, bidh e doirbh tomhas a dhèanamh air cuid mhath dha na builean a chaidh ainmeachadh. Cuideachd, tha dusanan de phrìomhachasan anns an Dreachd Plana, agus tha an t-eagal againn nach bi prìomhachas sam bith ann nuair a tha an uiread sin de phrìomhachasan. Nuair a thig e gu co-dhùnaidhean cruaidh, a thaobh cosg airgid, no taghadh bhuidhnean airson planaichean Gàidhlig ullachadh, no eile, ciamar a nìhear co-dhùnaidhean ciallach le càrn phrìomhachasan? Agus, chan eil e soilleir ciamar a tha na diofar roinnean gnìomh agus na prìomhachasan fòdhpa ag obair le chèile. Mar eisimpleir, ciamar a tha na leasachaidhean ann am foghlam, no ann an craoladh, no anns an àite-obrach, a' dol a thoirt buaidh air, can, an dachaigh? Ciamar

a tha na roinnean ag obair le chèile a dh'ionnsaidh ceann-uidhe? Tha amharas againn gu bheil na duilgheadasan seo co-cheangailte gu dlùth ris a' phuing a rinn sinn mu thràth, a thaobh "An Sealladh" agus "An Rùn", agus tha faireachdainn làidir againn gum biodh na fìor-phrìomhachasan agus an ceangail eadar na roinnean gnìomh na bu shoilleire nan robh an fheallsanachd agus an ro-innleachd (no ro-innleachdan) air am mìneachadh gu soilleir. Tha an Dreachd Plana làn ghnìomhan, ach 's e barrachd stiùireadh a tha a dhìth.

Mu dheireadh, tha puingeagan againn a tha ceangailte nas dlùithe ris na h-oilthighean, agus ris an Oilthigh agus an Roinn againn fhìn. Bu mhath leinn tòiseachadh, ge-tà, le bhith ag ràdh gu bheil sinn toilichte gun deachaidh Oilthigh Obar Dheathain ainmeachadh ann an àitean, gu seachd àraidh a thaobh leasachaidhean fa leth—leithid leasachaidh ann an trèanadh thidsearan—anns a bheil sinn an sàs. Ach, feumaidh sinn a ràdh nach deachaidh na h-oilthighean ainmeachadh ann an àitean eile, agus tha sin na adhbhar dragh dhuinn.

A thaobh "Leasachadh Corpais", tha sinn ag aontachadh gu bheil seo anabarrach cudromach, agus toilichte gun deachaidh Bòrd na Ceiltis Alba (BCA) ainmeachadh an seo, cho math ris na buidhnean eile. Chanamaid, ge-tà, gu bheil leasachadh ann am briathrachas Gàidhlig—faclairachd—air leth cudromach, gu h-àraidh briathrachas a tha ceangailte ri raointean "ùra" don Ghàidhlig, leithid rianachd phoblaich, lagh, slàinte, agus mar sin air adhart, agus le sin, gum bu chòir dhuinn a bhith co-obrachadh le roinnean eile anns na h-oilthighean agus urrasan trèanaidh.

Nar beachd-ne, 's e nach eil iomradh sam bith air na Roinnean Ceiltis no air BCA ann an earrann air Foghlam Treas-ìre agus Fad-beatha an dà chuid do-chreidsinneach agus aon dha na dearmadan as motha anns a' Phlana. Tha sinn ann an Obar Dheathain air a bhith a' teagasg na Gàidhlig fad barrachd air 80 bliadhna, rinn daoine a tha air a bhith ag obair anns an Roinn againn an t-uamhas às leth na Gàidhlig agus às leth leasachadh na Gàidhlig, agus fhuair mòran a tha ag obair gu dìcheallach agus gu comasach ann an saoghal na Gàidhlig oideachadh anns an roinn againne.

Tha sinn ag aontachadh gu bheil e cudromach daoine a thoirt gu fileantachd anns a' Ghàidhlig. Gu dearbha, chanamaid gur dòcha nach eil an Dreachd Plana a' cur cudrom gu leòr air a' chuspair seo; mas e is gu bheil meudachadh anns an àireamh aig a bheil a' Ghàidhlig mar chànan mhàthaireil aig meadhan "An Sealladh" aig a' Bhòrd, tha e deatamach barrachd cudrom a chur air luchd-ionnsachaidh a tha nan inbhich agus a tha comasach agus deònach clann a thogail tro mheadhan na cànan. Ged nach eil e comasach dha na Roinnean Ceiltis an obair chudromach seo a dhèanamh leotha fhèin, tha iad—agus tha sinne—a' toirt oileanach gu fileantachd a h-uile bliadhna. Feumaidh sinn anns na Roinnean Ceiltis a bhith mar phàirt dhen dealbh seo, agus tha feum againn air taic agus goireasan—coltach ris an sgeama a chuir sinn air dòigh, ann an co-phàirteachadh le Bòrd na Gàidhlig, ann an Ìle airson barrachd trèanaidh cànanich a thoirt dha na h-oileanaich againn—gus a bhith fiù 's nas èifeachdaiche.

Tha e cuideachd a' cur ioghnadh agus dragh oirnn gu bheil an earrann seo cho cumhang; ged a tha ionnsachadh na cànan cudromach, carson nach eil barrachd anns an earrann seo mu chuspairean a tha cuideachd deatamach ann an cultar sam bith, mar eachdraidh, litreachas, is dualchas. Agus, dè mu dheidhinn chuspairean eile a tha

na h-oilthighean a' toirt seachad? Tha Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 a' cruthachadh saoghal ùr—tha sinn an dòchas gu bheil, co dhiubh—anns am bi a' Ghàidhlig air a cleachdadh ann an suidheachaidhean ùra, leithid rianachd poblach, an t-siostaim-lagha, agus na seirbheis slàinte, agus bi feum aig na buidhnean poblach a tha a' toirt seachad nan seirbheisean seo air daoine aig a bheil sgilean ceangailte ris an obair agus aig a bheil comasan anns a' Ghàidhlig. Nar beachd-ne, bu chòir iomradh a bhith anns a' Phlana Nàiseanta, agus ro-innleachd dha rèir, air na roinnean oilthigh agus na h-urranan trèanaidh a bhios an sàs ann an oideachadh nan daoine a nì na h-oibrichean seo—tha sin ri ràdh na sgoiltean lagha, sgoiltean cunntasachd, sgoiltean dotaireachd, sgoiltean rianachd, etc, cho math ris na buidhnean urrais proifeiseanta, leithid Comann Lagh na h-Albann, etc., ann an co-obrachadh leis na Roinnean Ceiltis.

A thaobh na h-earrainn air an stòras foghlaim, tha sinn ag aontachadh gu bheil e cudromach a bhith ga bhrosnachadh seo aig gach ìre, bhon bhun-sgoil gu ìre oilthigh, agus, a-rithist, tha e na adhbhar dragh dhuinn nach eil iomradh air na Roinnean Ceiltis no BCA anns an earrainn sin. Tha sgoilearan anns na Roinnean Ceiltis—agus anns an Roinn againn fhìn—a tha nan sàr eòlaichean air deasachadh stòras foghlaim, agus gum bu chòir an sgilean a bhith air an cur gu feum anns an raon sin. A bharrachd air an stòras fhìn, tha sinn mothachail gu bheil beàrnan mòra anns an stòras, agus tha sinn dhen bheachd gum bu chòir cudrom a bhith air a chur air litreachas agus eachdraidh nan Gàidheal. Tha fhios againn uile nach eil na bun-sgoiltean, àrd-sgoiltean is fiù 's na h-oilthighean loma-làn leabhraichean anns a' Ghàidhlig mu ar n-eachdraidh, ar litreachas is ar cultar, agus bu chòir mòran a bharrachd a bhith againn mu na cuspairean seo.

Mu dheireadh, tha mòran anns an Dreachd Plana mu fhoghlam, ach chan eil ach glè bheag mun clàr-foghlaim, agus nach mòr nach eil na tha na sgoilearan agus na h-oileanaich ag ionnsachadh a' cheart cho cudromach ris a' chànan anns a bheil iad ag ionnsachadh, a thaobh a bhith a' cruthachadh fèin-aithne Gàidhealach. Ann am foghlam Gàidhlig anns na sgoiltean, me, dè an t-àite a th' aig eachdraidh nan Gàidheal, litreachas nan Gàidheal, cultar nan Gàidheal, is msaa? Dè cho "Gàidhealach" is a tha am foghlam? An e foghlam a bhrosnaicheas fèin-aithne Gàidhealach a tha na sgoilearan a' faighinn, no an e dìreach an aon fhoghlam a gheibhear ann an sgoiltean Beurla, ach tro mheadhan na Gàidhlig? Chan eil facal ann mu na ceistean cudromach seo, no mun àite a bu chòir a bhith aig na Roinnean Ceiltis agus aig BCA ann a bhith a' cruthachadh clàr-foghlaim a tha iomchaidh.

A thaobh nan earrann air cultar, tha sinn duilich nach deachaidh na Roinnean Ceiltis ainmeachadh idir. 'S e a bhith a' teagasg an dualchais agus a' chultair againn, a bhith a' sgrùdadh agus a' mìneachadh an litreachais agus na h-eachdraidh againn, agus a bhith a' glèidheadh a' cultair is na cànan—mar eisimpleir, ann a bhith a' clàradh ar dualchais, ann a bhith a' deasachadh ar bàrdachd is ar n-òran, ar sgeulachdan is ar beul-aithris is ar n-eachdraidh—a tha aig cridhe ar n-obrach, agus chan eil e comasach, nar beachd-ne, nach bu chòir dha na nìthean seo a bhith air an ainmeachadh ann am Plana Nàiseanta. Càite a bheil cultar sam bith gun bheatha inntleachdail, agus tha sinn draghail nach eil beatha inntleachdail mar phàirt dhen Phlana, agus nach eil àite aig na h-acadamaigich—agus na bàird is na seanchaidhean is na seinneadairean agus an luchd-ealain—anns an Dreachd Plana.

Mu dheireadh, a thaobh conaltraidh, nuair a smaoinicheas sinn air an fheadhainn a tha ag obair aig Radio nan Gàidheal agus ann an craoladh telebhisein agus ann an obraichean conaltraidh eile, tha mòran dhen fheadhainn a chluinneas sinn agus a chì sinn, gu h-àraidh an fheadhainn nas òige nam measg, air ceum a thoirt a-mach bho Roinn Ceiltis. A thaobh sgilean conaltraidh, tha pàirt chudromach air a bhith aig na Roinnean seo agus aig BCA ann a bhith a' trèanadh nan daoine seo. Le sin, chan eil sinn a' tuigsinn carson nach deachaidh ar n-ainmeachadh an seo cuideachd.

Anns an dealachadh, bu mhath leinn daingneachadh a-rithist gu bheil sinn taingeil do Bhòrd na Gàidhlig, an dà chuid airson na h-obrach ionmholta a rinn iad air an Dreachd Plana agus airson a' chothroim a thug iad dhan t-sluagh an cuid bheachdan a chur a-steach. Tha sinn a' guidhe gach soirbheachais dhan Bhòrd leis an obair mhòir a tha romhaibh, ann a bhith a' toirt an Dreachd Plana air adhart gu ruige a cruth deireannaich. Tha sinn an dòchas gu bheil fios aig a' Bhòrd gum faigh iad taic chunbhalach agus dìleas anns an obair chudromaich aca bho Roinn na Ceiltis, Oilthigh Obar Dheathain.

Moray Watson

a tha a' sgrìobhadh mar Cho-òrdanaiche Prògram Ceiltis is Gàidhlig, Oilthigh Obar Dheathain, agus a tha a' riochdachadh gu dìleas agus gu fìrinneach beachdan a cho-obraichean ann an sgioba na Gàidhlig ann an Roinn na Ceiltis, Oilthigh Obar Dheathain